

Geàrr-chunntas atharrachaidhean Cùrsa Nàiseanta: Nuadh-eòlas



Nàiseanta 4, Nàiseanta 5, Àrd-Ìre agus Àrd-Ìre Adhartach: seisean 2021–22

Nàiseanta 4

Aonad luach leasaichte

Tha an riatanas airson an aonad luach leasaichte a chrìochnachadh air a thoirt air falbh airson seisean 2021–22. Gus an duais cùrsa iomlan airson Nàiseanta 4 a choileanadh san t-seisean seo, feumaidh tagraichean pas fhaighinn sa h-uile h-aonad eile sa chùrsa Nàiseanta 4. Feumaidh tu toradh ‘pas’ a chur a-steach airson an aonad luach leasaichte gus dèanamh cinnteach gu faigh na tagraichean agad teisteanas airson duais a’ chùrsa.

Cha leig thu leas fianais a chruinneachadh airson an aonad luach leasaichte san t-seisean seo; ach, tha e cudromach gun toir thu cothroman do thagraichean na sgìlean, an t-eòlas agus an tuigse a tha air am mìneachadh ann an sònrachadh aonad luach leasaichte Nàiseanta 4 a leasachadh agus a thaisbeanadh, far a bheil sin comasach. Bheir seo taic do na tagraichean agad agus iad a’ dol air adhart gu tuilleadh ionnsachaidh agus measaidh aig ìre 5 SCQF.

Nàiseanta 5

Co-phàirt	Comharra	Ùine
Pàipear nan ceistean	80	2 uair agus 20 mionaid

Pàipear nan ceistean

- ◆ bidh a’ cheist 8-comharra ‘mìnich’ ann an Roinn 1: Deamocrasaidh ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte
- ◆ anns gach roghainn taobh a-staigh gach roinn, bidh fo-chuspair **nach tèid** a mheasadh gu dìreach ann am pàipear nan ceistean 2022. Tha na fo-chuspairean sin air an sealltainn ann an clò eadailteach gu h-ìosal:

— **Roinn 1: Deamocrasaidh ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte**

Roghainn 1: Deamocrasaidh ann an Alba

Buaidh

Roghainn 2: Deamocrasaidh san Rìoghachd Aonaichte

Buaidh

— **Roinn 2: Cùisean Sòisealta san Rìoghachd Aonaichte**

Roghainn 1: Cion cho-ionannas Sòisealta

Nàdar cion cho-ionannais shòisealta

Roghainn 2: Eucoir agus an Lagh

Nàdar Eucoir

— **Roinn 3: Cùisean Eadar-nàiseanta**

Roghainn 1: Cumhachdan an t-Saoghail

Èifeachdas ann a bhith a' dèiligeadh ri cùisean sòisealta is eaconamach

Roghainn 2: Cùisean an t-Saoghail

Measadh air buidheann/buidhnean eadar-nàiseanta ann a bhith a' dèiligeadh ris a' chòmhstri/chùis

Tha an t-atharrachadh air na fo-chuspairean a thèid a mheasadh, còmhla ri stiùireadh air a' cheist 8-comharra 'mìnich', ag amas air cuideachadh le ionnsachadh agus teagasg.

Tha sinn a' moladh gum bi ionadan ag amas air a' chùrsa a libhrigeadh mar as àbhaist, ach faodaidh tidsearan agus òraidichean co-dhùnadh a dhèanamh a thaobh ùine, doimhneachd libhrigidh, agus measadh sam bith taobh a-staigh nam fo-chuspairean nach eil air am measadh ann am pàipear nan ceistean 2022.

Obair Shònraichte

Chaidh a' cho-phàirt obair-cùrsa a thoirt a-mach airson seisean 2021–22.

Le bhith a' toirt air falbh na h-obrach sònraichte chan fheumar uiread ùine a chaitheamh sa chlas air dealbhadh, cur air dòigh agus leasachadh na h-obrach. Bheir seo cothrom air barrachd ùine ionnsachaidh is teagaisg airson a' chùrsa.

Àrd-Ìre

Co-phàirt	Comharra	Ùine
Pàipear nan ceistean 1	52	1 uair agus 45 mionaid
Pàipear nan ceistean 2	28	1 uair agus 15 mionaid

Pàipear nan ceistean 1

Thèid an àireamh cheistean freagairt-leudaichte roghnach an-àirde anns gach roinn:

- ◆ Roinn 1: àireamh cheistean freagairt-leudaichte a' dol an-àirde bho thrì gu ceithir
- ◆ Roinn 2: àireamh cheistean freagairt-leudaichte a' dol an-àirde bho dhà gu trì
- ◆ Roinn 3: àireamh cheistean freagairt-leudaichte a' dol an-àirde bho dhà gu trì

Feumaidh tagraichean fhathast aon cheist a fhreagairt anns gach roinn.

Rinneadh an t-atharrachadh seo airson cuideachadh le ionnsachadh agus teagasg le bhith a' toirt roghainn do luchd-teagaisg raon nas cumhainge de chuspairean a theagasg do thagraichean fhad 's a tha iad fhathast a' toirt cothrom dhaibh ullachadh gu leòr a dhèanamh airson pàipear nan ceistean.

Pàipear nan ceistean 2

Gun atharrachadh.

Obair Shònraichte

Chaidh a' cho-phàirt obair-cùrsa a thoirt a-mach airson seisean 2021–22.

Le bhith a' toirt air falbh na h-obrach sònraichte chan fheumar uiread ùine a chaitheamh sa chlas air dealbhadh, cur air dòigh agus leasachadh na h-obrach. Bheir seo cothrom air barrachd ùine ionnsachaidh is teagaisg airson a' chùrsa.

Àrd-ìre Adhartach

Co-phàirt	Comharra	Ùine
Pàipear nan ceistean	90	3 uairean a thìde
Pròiseact–tràchdas	50	faic an roinn 'Measadh cùrsa' ann an Sònrachadh Cùrsa Nuadh-eòlas Àrd-ìre Adhartaich

Pàipear nan ceistean

Taobh a-staigh gach roinn, bidh roghainn anns gach raon cuspair de dhà cheist freagairt-leudaichte le 30 comharran. Feumaidh tagraichean fhathast dà cheist a fhreagairt anns gach roinn.

Rinneadh an t-atharrachadh seo airson cuideachadh le ionnsachadh agus teagasg le bhith a' toirt roghainn do luchd-teagaisg raon nas cumhainge de chuspairean a theagasg do thagraichean fhad 's a tha iad fhathast a' toirt cothrom dhaibh ullachadh gu leòr a dhèanamh airson pàipear nan ceistean.

Pròiseact–tràchdas

Gun atharrachadh.

Ma tha ceist sam bith agad mu na h-atharrachaidhean seo, cuir post-d gu qualification.development@sqa.org.uk.